

GAIRM FIANAIS AIRSON NA
COMATAIDH RANNSACHAIDH
AIR CROITEARACHD

RANNSACHADH
CROITEARACHD



CROFTING
INQUIRY



GAIRM FIANAIS AIRSON NA COMATAIDH RANNSACHAIDH AIR CROITEARACHD

Is e cuireadh a tha seo airson fianais a chur a-steach don *Chomataidh Rannsachaidh air Croitearachd air, no ro, 31 Iuchar 2007*.

Adhbhar na Comataidh Rannsachaidh air Croitearachd

Anns na deasbadaan ann an 2006 air a' Bhile Ath-leasachadh Croitearachd, a tha fhathast ri achdachadh, thuigear gu robh feum air lèirsinn a chruthachadh airson croitearachd san 21mh Linn a stiùireadh ath-leasachadh sam bith a dhèanaiste. B' ann air an adhbhar sin a stèidhich Riaghaltas na h-Alba a' *Chomataidh Rannsachaidh air Croitearachd* ann an 2007 airson a bhith ag obair còmhla ri coimhearsnachdan croitearachd agus daoine eile anns na sgìrean croitearachd.

Is i an obair againne measadh a dhèanamh air ciamar a b' fheàrr a chuireas croitearachd ri leasachadh dùthchail seasmhach san àm ri teachd agus dè an t-ath-leasachadh a chuidicheadh le seo a thoirt gu buil. Chaidh iarraidh oirnn atharrachaidhean riatanach sam bith a mholadh do Riaghaltas na h-Alba air laghan, riaghailtean, tabhartasan no rianachd a' buntainn ri croitearachd, a' gabhail a-steach adhbhar agus obrachadh Ùghdarras nan Croitearan.

Cuireadh dhuibh innse dhuinn dè tha sibh a' smaoinichadh

Thar nam mìosan tha romhainn, nì buill na Comataidh conaltradh ri prìomh luchd-ùidh, agus am measg na tha sin bidh na coimhearsnachdan anns na siorrachdan croitearachd. Tha sinn airson bhur smuaintean a chluinntinn, ge bith dè cho connspaideach, agus bhur beachdan fhaighinn mu chuid de na cùisean cudromach a thogadh anns na deasbadaan an-uiridh. Mar eisimpleir, am bu chòir croitearan an cead fhaighinn na croitean aca a reic don neach a phàigheas a' phrìs as àirde? Am bu chòir riaghladh na bu làidire a dhèanamh air croitean a th' air a dhol fàs?

Tha sinn a' toirt cuireadh do dhuine sam bith aig a bheil beachdan air an t-slighe air adhart airson croitearachd agus na dh'fhaodadh i cur ri leasachadh dùthchail seasmhach, na beachdan aca a chur a-steach don *Chomataidh air, no ro, 31 Iuchar 2007* – le litir, facs no post-d contact@croftinginquiry.scotland.gsi.gov.uk no tron làraich-lìn againn www.croftinginquiry.org.

Faodaidh sibh rud sam bith a thogras sibh a ràdh ach bidh e na chuideachadh dhuinn nuair a nì sinn anailis air na beachdan a thig a-steach nan cleachdadh sibh an ceistean againn no, nuair a nì sibh freagairt, nan innseadh sibh gu soilleir dè na ceistean sònraichte a tha sibh a' freagairt. Feuchaibh ris na beachdan agaibh a chur an cèill, mas urrainn dhuibh, le eisimpleirean agus fianais eile. Faodaidh sibh na ceistean seo luchdachadh a-nuas bhon làraich-lìn againn agus, nuair a tha sibh air am foirm a lìonadh, faodaidh sibh a thilleadh thugainn tron phost, no air facs no post-d. Cha leig sibh a leas a h-uile ceist a fhreagairt, dìreach an fheadhainn a shaoileas sibh fhèin cudromach.

Dè thachras do na beachdan a chuireas sibh a-steach?

Tha a' Chomataidh Rannsaichadh air Croitearachd airson beachdan nan coimhearsnachdan croitearachd agus daoine eile anns na siorrachdan croitearachd, cho math ri fianais eile, a thoirt an lùib a' mheòrachaidh aca, agus mar sin, tha na freagairtean agaibh air leth cudromach dhuinn. Bidh sinn a' coinneachadh gu cunbhalach tro 2007 agus tha prògram thurasan againn air a chur air dòigh do na siorrachdan croitearachd air feadh an t-samhraidh. Cleachdaidh sinn am fiosrachadh gu lèir a gheibh sinn airson prìomh chùisean a chomharradh agus airson cùl-taic a thoirt don obair againn air lèirsinn a chruthachadh airson croitearachd san àm ri teachd, agus na molaidhean a dh'èireas bhuidhe. Nuair a tha sinn air tighinn gu beachd tillidh sinn thugaibh le dreachd de mholaidhean, as t-fhoghar, airson co-chomhairleachadh leibh a-rithist mus cuir sinn aithisg do Riaghaltas na h-Alba. Tha grunn bheachdan eadar-dhealaichte ann agus tha sin a' ciallachadh nach bi a h-uile duine ag aontachadh ris na beachdan againn, ach bidh na molaidhean againn stèidhichte air sgrùdadh cùramach air fianais agus tha sinn an dòchas gu faigh iad taic na mòr-chuid fad is farsaing.

Bhiodh sinn fada nur comainn nan lionadh sibh foirm fiosrachadh luchd-freagairt agus nan tilleadh sibh thugainn e, leis an fhianais agaibh na chois, air no ro 31 Iuchar, ann an aon de na dòighean a leanas:

- **POST: FREEPOST** - Crofting Inquiry
- **FACS:** Fianais, Comataidh Rannsaichadh air Croitearachd: 0845 602 0759
- **POST-D:** Fianais, Comataidh Rannsaichadh air Croitearachd: contact@croftinginquiry.scotland.gsi.gov.uk

Bu toil leinn an fhianais gu lèir a gheibh sinn a dhèanamh fosgailte don phoball agus feumaidh sinn faighinn a-mach am biodh sibh deònach gun deidheadh bhur freagairt fhoillseachadh. **Lìonaibh an earrann anns an fhoirm air Fiosrachadh Luchd-freagairt agus nì seo cinnteach gun dèilig sinn ris an fhreagairt agaibh anns an dòigh bu mhiann leibh.** Thèid freagairt bho dhuine sam bith a dh'aontaich an fhreagairt acasan a dhèanamh poblach fhoillseachadh air làrach-lìn an Rannsaichadh. Thèid freagairtean sam bith a sgrùdadh mus tèid iad a chur air an làrach-lìn mus bi rud sam bith annta a dh'fhaodadh a bhith tuailleasach.

Dè thachras a-nis?

Nuair a tha an ceann-latha seachad, thèid na freagairtean gu lèir a sgrùdadh agus thèid meòrachadh orra, agus air fianais sam bith eile a thèid a chruinneachadh, airson a' Chomataidh a chuideachadh ann a bhith a' tighinn gu beachd air croitearachd san àm ri teachd. Tha sinn airson aithisg fhoillseachadh air a' cho-chomhairle seo nuair a nì sinn an Aithisg Rannsaichadh.

Beachdan agus Gearanan

Ma tha beachdan sam bith agaibh air làimhseachadh na h-eacarsaich co-chomhairleachaidh seo, faodaidh sibh an cur gu:

Oifigear Fiosrachaidh an Rannsaichadh, Phoebe Cochrane, aig
phoebe.cochrane@croftinginquiry.scotland.gsi.gov.uk



COMATAIDH RANNSACHAIDH AIR CROITEARACHD: CEISTEAN

1. Ciamar as urrainn do chroitearachd cuideachadh ann a bhith a' cumail dhaoine ann an sgìrean iomallach no ann a bhith a' meudachadh àireamh an t-sluaigh? Dè bhiodh feumail airson daoine ùra a thàladh agus/no muinntir nan sgìrean fhèin a chumail? Am biodh e gu diofar gu robh daoine nach buineadh don àite a' tighinn a dh'fhuireach ann an coimhearsnachdan croitearachd? Innsibh dhuinn ciamar a bhuineas na tha sibh ag ràdh ris an sgìre agaibh fhèin.
2. Dè a' bhuidh a th' aig gnìomhan croitearachd air a' chruth-tìre agus air nàdar? Innsibh dhuinn mu na gnìomhan sin agus a' bhuidh a th' aca air an sgìre agaibh fhèin.
3. A bheil croitearachd a' toirt taic do chultaran eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach Gàidhlig? Innsibh dhuinn ciamar a tha seo a' tachairt agus innsibh a bheil seo a' buntainn ris an sgìre agaibh fhèin.

4. Dè cho cudromach 's a tha àiteachas croitearachd dhuibh a thaobh chùisean eaconamach? Dè cho cudromach 's a shaoileas sibh a bhios e san àm ri teachd nuair a thig atharrachadh air subsadaidhean àiteachais (a' gabhail a-steach Pàigheadh Tuathanais Shingilte, Sgeama Taice nan Sgìrean Fo-leasaichte, pàigheadh àiteachais-àrainneachd, Cùmhnantan Stiùireadh Fearainn agus pàigheadh Sgeama Taic-airgid Àiteachail nan Siorrachdan Croitearachd (CCAGS))? A bheil atharrachaidhean eile san amharc a shaoileas sibh a bheir buaidh air àiteachas croitearachd?

5. An e rud math a th' ann gum bi croitearan a' cosnadh ann an dòighean a bharrachd air àiteachas a-mhàin? A bheil seo a' faighinn taic gu leòr? Innsibh mar a tha tachairt dhuibh fhèin.

6. Am bu chòir riaghladh air cleachdadh fearainn a bhith nas cruaidhe gus nach tèid croitean fhàgail fàsail no falamh?
Ciamar a b' urrainnear dèanamh cinnteach gu bheil fearann nan croitean ga chleachdadh ann an dòigh iomchaidh?

- 10.** Dè a' bhuidh a bhios aig ath-leasachadh an fhearainn, agus gu h-àraidh seilbh coimhearsnachd air oighreachdan croitearachd, air croitearachd san àm ri teachd? A bheil seilbh coimhearsnachd a' dèanamh atharrachadh sam bith air an fheum air croitearachd a riaghladh?
Am feum croitearan dìon sam bith bho uachdarain choimhearsnachdail, mar a dh'fheumadh iad bho uachdarain phrìobhaideach? Am bu chòir croitearan a tha nan luchd-gabhaltais aig coimhearsnachd còir-ceannaich a chumail? Innsibh dhuinn cuideachd ciamar a bhuineas na tha sibh ag ràdh ris an sgìre agaibh fhèin.
- 11.** Le aire air na cùisean seo, ciamar a shaoileas sibh a bhios croitearachd coltach san àm ri teachd – ann an 10 no 20 bliadhna?
Am bi cothromachadh eadar-dhealaichte ann an croitearachd eadar, mar eisimpleir, gnìomhan/cosnadh a bhuineas ri àiteachas agus ri obair eile? Dè an coltas a bu mhiann leibh a bhiodh air croitearachd? Innsibh dhuinn cuideachd ciamar a bhuineas na tha sibh ag ràdh ris an sgìre agaibh fhèin.
- 12.** Dè na h-atharrachaidhean a chuidicheadh le seo a thoirt gu buil? Mar eisimpleir, am bu chòir atharrachadh a thighinn air an dòigh a tha croitearachd ga riaghladh? Am bu chòir atharrachadh a thighinn air Ùghdarras nan Croitearan? Am bu chòir atharrachadh a thighinn air na sgeamaichean tabhartais a th' againn an-dràsta? Carson a tha sibh den bheachd sin?



13. Dè th' ann mu dheidhinn croitearachd a tha cudromach dhuibhse? Dè na rudan as cudromaiche buileach agus carson?

(Is dòcha gum biodh e feumail smaoinichadh air na feartan croitearachd a lùigeadh sibh a chumail a' dol.)

14. A bheil beachdan sam bith eile agaibh a bhuineas ri cumhaichean iomraidh (obair) na Comataidh?

Foirm B

COMATAIDH RANNSACHAIDH AIR CROITEARACHD:

FIOSRACHADH LUCHD-FREAGAIRT

Tapadh leibh airson bhur beachdan. A-nis freagraibh na ceistean a leanas airson dèanamh cinnteach gun làimhsich sinn an fhreagairt agaibh anns an dòigh fhreagarraich.

Ainm: _____

Seòladh puist: _____

Còd puist: _____

Post-d: _____

B1. Comharraich an fhreagairt a bhuineas ruibh fhèin

- (a) Is e croitear a th' annam?
- (b) Bu toil leam a bhith nam chroitear?
- (c) Chan e croitear a th' annam?

B2. A bheil sibh a' freagairt: (cuiribh tiog ann an aon bhogsa a-mhàin)

- (a) às bhur leth fhèin? theirigibh gu B3
- (b) às leth buidhne? theirigibh gu B4

DAOINE A' FREAGAIRT ÀS AN LETH FHÈIN

B3a. A bheil sibh ag aontachadh gun deidheadh an fhreagairt agaibh a dhèanamh fosgailte don phoball air làrach-lìn na Comataidh Rannsaichadh air Croitearachd?

- Tha (theirigibh gu 3b gu h-ìosal)
- Chan eil idir. Cumaidh sinn an fhreagairt agaibh dìomhair
- Chan eil an fhreagairt agam, ach faodar an t-ainm agam a thoirt seachad



B3b. **Ma tha sibh deònach freagairt a dhèanamh fosgailte** don phoball, nì sinn sin ann an aon de na dòighean seo (cuiribh tiog air **aon** de na leanas)

Faodaidh sibh mo fhreagairt, m' ainm agus mo sheòladh a dhèanamh fosgailte

Faodaidh sibh mo fhreagairt a dhèanamh fosgailte, ach chan fhaod m' ainm no mo sheòladh

Faodaidh sibh mo fhreagairt agus m' ainm a dhèanamh fosgailte, ach chan fhaod mo sheòladh

ÀS LETH BUIDHNE:

B4. **Thèid** ainm agus seòladh na buidhne agaibh a dhèanamh fosgailte don phoball. A bheil sibh cuideachd ag aontachadh bhur **freagairt** a dhèanamh fosgailte?

Tha

Chan eil Cumaidh sinn an fhreagairt agaibh dìomhair

A' ROINN FHREAGAIRTEAN/CONALTRADH SAN ÀM RI TEACHD

B5. Is dòcha gum bi a' Chomataidh Rannsachaidh airson fios a chur thugaibh san àm ri teachd, ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhuaibh mus dèan sinn seo. A bheil sibh deònach cead a thoirt don Chomataidh Rannsachaidh air Croitearachd conaltradh a dhèanamh leibh san àm ri teachd a thaobh na freagairt co-chomhairleachaidh seo?

Tha

Chan eil



Comataidh Rannsachaidh air Croitearachd

FREEPOST – Crofting Inquiry

Fòn: 0845 602 0758

Facs: 0845 602 0759

Post-d: contact@croftinginquiry.scotland.gsi.gov.uk

www.croftinginquiry.org

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faighinn air làrach-lìn an Rannsachaidh air Croitearachd: www.croftinginquiry.org

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2007

RR Donnelley B50681 06/07 (Gaelic)

ISBN 978-0-7559-5373-8



9 780755 953738